Insurance	6,428	6,428						
Light and heat	1,242	1,242						
Telephone	5,319	5,319						
Postage and stationery	12,099	11,446		106	547			
Sundries	5,104	2,506		2,598				
Website	15,956	14,465			1,491			
Staff travel and expenses	19,025	19,025						
Economic impact study	5,400				5,400			
Bank charges	190	190						
Total expenditure	1,132,664	489,509	35,958	22,653	320,657	212,019	46,613	5,255
SURPLUS/(DEFICIT) FOR PERIOD	264,102	209,889	9,523	-11,363	4,045	7,492	24,771	19,745

Fèisean nan Gàidheal

Gnothaichean Ionmhais
Maoin Chomhairle nan Ealan 2008-09
Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2008.02(d)

Bun fhiosrachadh

An lùib seo, mar fhiosrachadh, tha litir bho Jim Tough a' dearbhadh ionmhas stèidhe bho Chomhairle nan Ealan airson 2008-09, agus leth-bhreac den phlana agus am buidseat a chaidh a-steach do Chomhairle nan Ealan a' mìneachadh na h-obrach anns am bi am buidheann an-sàs anns an ath bhliadhna an ionmhais.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh ann am pàipearan a' bhuidhinn gnìomh a chaidh an cuairteachadh air post-d, agus bhon a chaidh a' choinneamh sin a chumail, fhuair sinn dearbhadh bho Iain Mac a' Ghobhainn, Ceannard Roinn a' Chiùil agus ar Prìomh Oifigear, gun deach lorg air a' cheud mìle not a bha sinn a' sireadh.

Art MacCarmaig | Ceannard | Gearran 2008

Scottish Arts Council

5 February 2008

Dear Colleague

I am writing to inform you of the Joint Board's decision regarding your funding for 2008/09.

The Scottish Government has advised the Scottish Arts Council that, in common with the overall public sector, we are expected to find efficiencies of 2% within our budget. With this in mind, the Joint Board of the Scottish Arts Council and Scottish Screen has agreed to a **1% increase** in our investment in foundation organisations for the period 2008/09.

In December we asked you to plan on a standstill settlement, I hope this small increase will underline the Joint Board's commitment to you as a foundation organisation in a very tight spending round.

We will shortly issue your draft funding agreement which will indicate our commitment to funding you for two years 2008/09 and 2009/10, although we are unable at this stage to indicate a grant amount for 2009/10. This is because budgeting for 2009/10 is part of the transition to Creative Scotland and the decisions will rest with the new body. Our guidance to you would be to plan on the basis of a standstill budget in 2009/10.

Clearly the policy landscape is changing as the Scottish Government begins to make clear its expectations of the entire public sector. A focus on outcomes, an expectation of efficiency and effectiveness, and a determined drive for the overarching purpose of sustainable economic growth are the clearly and regularly expressed requirements that the Scottish Government has of the public sector.

As we discussed when we met in December we will need to explore, together I hope, how we can respond to these changing circumstances. The approaches that are being tested through our work with Mission, Models, Money are an example of where I hope we can work with you to help sustain your vital support for the arts in Scotland.

With best wishes

Jim Tough
Acting Chief Executive

12 Manor Place, Edinburgh EH3 7DD
T 0131 226 6051 F 0131 225 9833 www.scottisharts.org.uk
Chairman Richard Holloway, Acting Chief Executive Jim Tough. Scottish charity no. sc002835

Fèisean nan Gàidheal

Scottish Arts Council Funding 2007- 2009
Updated programme for 2008-09

1. Background

This is an updated programme of work as part of our foundation funding agreement with the Scottish Arts Council covering the years 2007-09.

As indicated in Jim Tough's letter of 4 January 2008, this programme has been put together on the basis of standstill funding. 'Standstill' for us means the following:

£250,000	Foundation Funding which underpins all the work we do
£100,000	Lottery Funding for our Fèisean Grants Scheme
£25,000	Funds that were formerly know as 'cultural strategy funds' not consolidated
£15,000	Part funding of our Training Officer's post

We understand that the Scottish Arts Council may experience a cut in its own grant which may have to be passed on to organisations and which may result in any funding additional to foundation funds being withdrawn. Until we know that for sure, we have prepared this update, and our budget, on the basis that monies previously available will continue to be available to us, and would urge the SAC not to adopt an 'equal misery for all' policy should reductions become a reality. A 2% cut in SAC budgets is not good news, but losing the sums we have been used to receiving in addition to our foundation funds would represent a 10% reduction in our budget and would seriously threaten our ability to carry out our planned programme.

2. The importance of current SAC funds to Fèisean nan Gàidheal's Programme

The funding we currently receive from the Scottish Arts Council is well utilised, produces work of a high standard and helps meet some of the strategic goals of the Scottish Arts Council.

Our £250k foundation funding is 15% of our overall budget which indicates that we are very good at using those funds to lever other funds. We have regular funding from Highlands & Islands Enterprise, The Highland Council, Comhairle nan Eilean Siar and Argyll & Bute Council, as well as YMI contracts with East Lothian and Highland Councils and a contract for the Blas Festival with The Highland Council. This is only possible as a result of having the infrastructure to support this work, which the security of your foundation funds gives us.

The £100k lottery grant is the Scottish Arts Council's contribution towards our grants scheme which, this year, is expected to pay out around £320k to Fèisean. Therefore the leverage that results from this lottery grant makes it extremely good value for money and supports work throughout Scotland.

The £25k 'national cultural strategy' funding has been used to make a contribution towards our Fèis Development Fund, our full-time Development Officer in Lochaber and towards the employment of locally-based administrators within local Fèisean. We have not yet had a letter of offer for this sum for 2007-08 so we assume it is still available since we were told this had not been consolidated.

The £15k towards our Training Officer is in recognition of the work carried out on behalf of the Traditional Music Tutor Training Network. The post actually costs nearer to 30k but this contribution is vital.

Our organisation has grown, and our finances have become complicated. In particular, an excellent funding package secured from Highlands & Islands Enterprise, which is entering its final year in 2008-09, is totally dependent on our being able to spend the sums of money we had forecast to spend. Because HIE's funds are a percentage of our actual expenditure it is paramount that we are able to match the funds in order to achieve the level of expenditure required. We realise that SAC funds are not the only funds that can be used to do this, but SAC funds are not the only funds in the mix at the moment, and our options for significant additional fund-raising at this juncture, within a very tight timescale, may be somewhat limited.

3. Quality Framework and Annual Review

Our annual review meeting was held in Portree on 12 October 2007. A number of issues were discussed including the Quality Framework. We have welcomed this and feel it has given some focus to issues beyond our programme that organisation's like ours need to address.

As a result of the Quality Framework, we initiated a quarterly report for all our main funders to outline progress against the targets set by the individual funders, the payment of grants to Fèisean and to include our quarterly management accounts. These reports have been sent regularly to our lead officer and we hope they have been helpful.

We also looked at our own structure for supporting the Fèisean and, in particular, how we monitor their work and ensure quality of delivery at a local level. We have now given each Fèis a Lead officer within the organisation whose job it is to offer one point of access to all Fèisean nan Gàidheal services, in order to address some of those issues.

At our meeting, we discussed additional funding needs and I highlighted, in particular, a funding gap of £50,000 for Blas, about which we were talking to EventScotland and others. I also highlighted that it had been difficult to sustain Cèilidh Trails at the same level of funding as in previous years, and while end-of-year money from the Scottish Arts Council had helped greatly in 2007, this was not guaranteed for the next financial year.

We were asked to come back with a letter outlining any budgetary pressures that we had identified at our meeting. This was sent to Ian Smith on 5 November 2007. A further copy is appended to this update with full details of how we would utilise the funds. The following table summarises what we has asked the Scottish Arts Council to consider funding:

	SAC Funding Category	**Sum**	**Proposed use of Funds**
1	Foundation	£250,000	Maintain core services
2	Lottery	£100,000	Grants for up to 45 Fèisean
3	Managed Funds	£15,000	Training Officer post
4	Managed Funds	£25,000	Formerly Cultural Strategy Funds
5	Project Funds	£25,000	Blas
6	Project Funds	£30,000	Cèilidh Trails
7	Drama	£25,000	Meanbh-Chuileag

4. Fèisean nan Gàidheal Programme 2008-09

Our programme for 2008-09 is broadly similar to that of 2007-08, mainly because we had quite carefully defined in our own Development Plan what our programme would be from 2005-10. While there have been minor changes to this, as opportunities have arisen, we are still broadly on-track to deliver our Development Plan programme.

In 2008-09, subject to funding being available, we hope to:

1	Continue to support and develop individual Fèisean, widening their range of activities and establishing best working practice.
2	Continue to run our Grants Scheme for Fèisean.
3	Continue to fund new developments through our Fèis Development Fund.
4	Develop and increase access to the Gaelic language and culture through the implementation of our Gaelic Language Policy and the development of Gaelic drama activities including a Gaelic Drama Summer School.
5	Continue to develop the work of the Fèisean within the formal education sector, in partnership with YMI in Highland and East Lothian.
6	Develop training provision and professional development, open to everyone involved in promoting, organising and participating in Fèisean, and to other involved in traditional music development and delivery.
7	Expand, wherever possible, partnership opportunities with other organisations both within and outwith the Gaelic community, and continue to work with existing forums, including the Scottish Traditional Music Forum.
8	Investigate greater partnerships with the commercial sector building on the success of

	sponsorship having been secured or Blas, but also looking at the potential for great sales of products of the Fèisean.
9	Raise the profile of the Fèis movement through dedicated showcase events, including participation in Liverpool 2008: European City of Culture.
10	In partnership with the Scottish Arts Council and as members of the Traditional Music Forum, Fèisean nan Gàidheal will continue to play a key role in the promotion and continuing development of traditional music in Scotland.
11	Develop and expand the Blas Festival and build towards a festival that can be a significant part of the 2009 Year of Homecoming.
12	Expand the delivery of traditional music classes beyond the Highland Council area, in partnership with YMI, wherever appropriate.
13	In partnership with Fèisean, continue to support a network of Cèilidh Trails and create a new one on the Western Isles.
14	Maintain and implement the successor to the GASD programme and contribute towards a National Gaelic Arts Strategy that will be incorporated into the National Plan for Gaelic.
15	Continue to run a series of Gaelic drama Fèisean.
16	Run an Annual Conference
17	Continue to support individual Fèis projects such as the Fèis Bharraigh, Feis Spè and Fèis a' Bhaile expansion activities.
18	In cooperation with one or more local authorities, attempt again to employ a Development Officer to cover Fèisean not covered by existing officers.
19	Continue to ensure good practice in relation to Child Protection and keep abreast of changes in legislation.
20	Continue with excellent support mechanisms for individual Fèisean through the development of our system of Lead Officers, offering one point of access to local Fèisean in accessing Fèisean nan Gàidheal services.

Once we know the outcome of funding applications and can proceed to a formal funding agreement with the Scottish Arts Council, we will be happy to set targets, as before.

5. Budgetary Information

A budget for 2008-09, along with a cashflow forecast, has been submitted separately to Gordon Cosh, along with a copy of our audited accounts and latest management accounts. A copy has been sent by e-mail to our lead officer, Ian Smith, Head of Music.

Arthur Cormack
Chief Executive
Fèisean nan Gàidheal
January 2008

Fèisean nan Gàidheal Budget 2008-09 (as submitted to the Scottish Arts Council)

INCOME	
Core Grants	£ 327,685.00
Grants Scheme	£ 189,000.00
Fèis Development Fund	£ 60,000.00
Annualised Hours	£ 25,000.00
Training	£ 38,100.00
Gaelic Development	£ 46,562.00
Youth Music Initiative	£ 244,511.00
Blas Festival	£ 259,500.00
Earned Income	£ 16,300.00
Meanbh Chuileag TIE Service	£ 55,000.00
City Fèisean Development Officer	£ 30,000.00
Support Cèilidh Trails	£ 74,000.00
Gaelic Drama Summer School	£ 65,000.00
Archiving Project	£ 24,118.00
Press/PR/Website Updates/Newsletter	£ 5,000.00
Fèis Showcase Concerts	£ 15,000.00
General Funds still to be raised	£ 85,000.00
TOTAL INCOME	**£ 1,559,776.00**
EXPENDITURE	
RUNNING COSTS	
Staff Salaries	£ 342,916.00
NIC Contributions	£ 30,862.44
Pension Contributions	£ 9,000.00
Staff Travel	£ 27,000.00
Office Rent & Rates	£ 20,000.00
Stationery, Printing & Postage	£ 15,000.00
Telephone, Fax, E-mail, Heat & Light	£ 10,000.00
Board Expenses	£ 8,000.00
Implementation of Child Protection policy	£ 10,000.00
Insurance	£ 7,500.00
Sundry Expenses	£ 5,000.00
Accountancy & Bank Charges	£ 3,000.00
Professional Fees	£ 5,000.00
Instrument Bank Maintenance	£ 3,000.00
Additional Support Needs	£ 3,000.00
Capital Expenses	£ 12,000.00
PROGRAMME COSTS	
Grants Paid Out	£ 195,000.00
Annualised Hours	£ 35,000.00
Feis Development Fund	£ 60,000.00
Training Programme	£ 33,000.00
Training Management Fee	-£ 1,500.00
Gaelic Language Development	£ 5,713.00
Gaelic Language Management Fee	-£ 12,500.00
Youth Music Initiative	£ 244,511.00

Youth Music Initiative Management Fee	-£ 18,500.00
Annual Conference	£ 15,000.00
Blas Festival	£ 259,150.00
Blas Management Fee	-£ 15,000.00
NEW PROJECTS	
Support for Meanbh Chuileag	£ 39,500.00
City Fèisean Development Officer	£ 35,000.00
Support Cèilidh Trails	£ 74,000.00
Gaelic Drama Summer School	£ 55,000.00
Archiving Project	£ 10,328.00
Archiving Management Fee	-£ 4,585.00
Press/PR/Website Updates/Newsletter	£ 10,000.00
Fèis Showcase Opportunities	£ 20,000.00
Showcase Management Fee	-£ 7,600.00
Contingency	£ 15,000.00
TOTAL EXPENDITURE	**£ 1,557,795.44**
SURPLUS/DEFICIT	**£ 1,980.56**

Notes to SAC

The above budget is based on standstill at the same levels of funding as 2007-08 with the following amounts being additional to our £250k foundation funds

SAC Lottery Funds	£ 100,000.00
SAC Music Project Funds (Training Post)	£ 15,000.00
End-of-year funds (not guaranteed, but ever hopeful!)	£ 49,400.00
SAC YMI Funding (Training Progamme)	£ 5,000.00
NCS Funding (previously available and not consolidated)	£ 25,000.00
Total included in budget	**£ 194,400.00**

Fèisean nan Gàidheal

Aithisg Ràitheil mu adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal airson 2007-08
Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2008.03(a)

An cois seo tha aithisg ràitheil airson a' phrìomh luchd-maoineachaidh againn. Tha an aithisg a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Comhairle Ealain na h-Alba (CEA), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE), Bòrd na Gàidhlig (BnG) agus, airson na bliadhna seo a-mhàin, Gàidhealtachd 2007 (G2007) a thaobh rèiteachaidhean maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Fios. Plana Leas.	Ceum ann am Plana Leasachaidh	Dleastanas	Taisbeanairean Coileanaidh	Adhartas	Inbhe
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh an raoin ghnìomhan aca**				
1.1	Sgeama Thabhartasan airson Fèisean	Ceannard	Leantainn air adhart a' ruith Sgeama Thabhartasan airson Fèisean (Targaid CEA)	Sgeama thabhartasan ann an àite	**U**
				Tabhartasan air an tabhann do 41 Fèisean	
				Tabhartasan gam pàigheadh a-mach a rèir aontachaidhean	
		Oifigear Ionmhais & Rianachd	Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)	Tabhartasan air an tabhann do 41 Fèisean airson 2007-08	**U**
				Tabhartasan air an tabhann do 35 Fèisean ann an sgìre na Gàidhealtachd is nan Eilean	
		Ceannard	Le IGE agus càch, leudaich an t-ionmhas a tha ri fhaotainn do R & L tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	Maoin £60k ri fhaotainn airson 2007-08 (£15k ann an 2006-07)	**U**
				Modh tagraidh fosgailte, leantainneach	
				Maoin £38,904 air aontachadh do 19 pròiseactan le luach £116,838 anns na pròiseactan anns an fharsaingeachd.	

		Manaidsear Leasachaidh	Thoir taic do 3 pròiseact ùr agus innleachdach aig a' char as lugha gach bliadhna tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	Na pròiseactan a fhuair maoin gu ruige seo: • Fèis Ghleann Albainn – Consart taisbeanaidh de dh'òigridh nam Fèisean aig NessFest • Fèis Inbhir Narainn – Pròiseact Ghàidhlig co-cheangailte ris an àrainneachd ann an sgoiltean na sgìre • Fèis Rois/Fèis Eilean an Fhraoich – *Ceòl thar Chuan* bùthan-obrach agus cuirm chiùil aig Fèis HebCelt. • Fèis Bharraigh – òigridh a' gabhail pàirt ann an tattoo ann an Halifax, Alba Nuadh • Fèis Taigh Dhonnchaidh – Cruinneachdah ionadail de ionnstramaidean • Fèis Arainn – deireadh seachdain de bhùthan-obrach • Fèis Ìle & Dhiùra – 6 bùthan-obrach na fìdhle ann an Eilean Dhiùra • Fèis Ceann Loch Goibhle – Turas air 10 sgoiltean a' brosnachadh Gàidhlig agus Òrain Ghàidhlig ann an sgìre Earra-Ghàidheal. • Fèis Dhun Bhreatuinn – taic airson stuthan teagaisg Gàidhlig a cheannach. • Fèis Eilean an Fhraoich – taic le obair còmhlain le deugairean ann an sgìre nan Eilean Siar • Fèis Rois airson DVD a tha iad a chur ri chèile agus taic cuideachd airson ullachaidhean son nan Duaisean Chiùil Traidiseanta • Fèis Ghleann Albainn airson taic a thoirt do chèlidh teaghlaich ann an Gearran 08 • Fèis a' Chaolais airson fèis ùr tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh • Fèis Chataibh airson bùithtean obrach le deugairean a ruith • Fèis Lannraig a Tuath airson taic a thoirt do phròiseact le ceòl ùr Gàidhlig	**U**
1.2	A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich	Sgioba Leasachaidh	Luchd-obrach taice suidhichte	Taic leantainneach le taic airson rianachd, tabhartasan agus taic phragtaigeach. Ghabh buill na sgioba leasachaidh grunn fhèisean os làimh mar phrìomh oifigear anns an t-Samhain agus tha coinneamhan mheasaidh fhoirmeil air a bhith a' tachairt eadar an Dùbhlachd agus an Fhaoilleach.	**U**
		Sgioba Leasachaidh	Raon de sheirbheisean taice suidhichte	Le fiosrachadh mionaideach gu h-ìseal fon cheann seirbheis iomchaidh.	**U**
		Oifigear Trèanaidh	Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta 's a ghabhas airson 's gun urrainn do shaor-thoilich an lìbhrigeadh	A' chuid as motha de phoileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig	**U**

				Sgrùdaidhean sgaoilidh agus Trèanadh Dìon Chloinne uile air an eagrachadh bhon mheadhan	
		Oifigear Ionmhais & Rianachd	Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail, le àrdachadh ann an reata gach uair a thìde	Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2007-08 mar phàirt de thairgse tabhartais	**U**
				Reata a thathar a' moladh airson gach uair a thìde àrdachadh bho £6 gu £7.50. A' coimhead an-dràsta ris a' bhuidseat a tha againn san fharsaingeachd airson dèanamh cinnteach gum faigh na fèisean a tha a' dèanamh am feum as motha den sgeama a' faighinn na h-uairean a tha a dhìth orra.	
		Ceannard	Cuir an dreuchd 5 Oifigear Leasachaidh Fèise ionadail (Targaid IGE)	Molaidhean gus inbhe Luchd-obrach Taice atharrachadh gu Oifigearan Leasachaidh air aontachadh agus air an cur an gnìomh.	**O**
				4 oifigear leasachaidh an dreuchd an-dràsta	
				Tha Ingrid NicEanruig air a dreuchd fhàgail an dèidh dhi a bhith air fòrladh màthaireil agus bidh dreuchd air sanasachd tràth ann an 2008.	
				A' dèanamh oidhirp gus dreuchd Oifigear Leasachaidh a stèidheachadh le comhairlean bailteil. Cha tachair seo a-nise gu bliadhna ùr an ionmhais.	
1.3	Co-labhairt Bhliadhnail	Oifigearan Ionmhais & Rianachd/Trèanaidh	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)	Chaidh co-labhairt shoirbheachail a chumail san Aghaidh Mhòr air 14 & 15 Sultain	**U**
				Thàinig grunn riochdairean bho na Fèisean	
				Bha Linda Fabiani BPA an làthair mar neach-labhairt air aoigheachd	
1.4	Àrachas	Oifigear Ionmhais & Rianachd	Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile.	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna	**U**
				Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a tha iomchaidh. Bheachdaich buil a' Bhùird air cosgais chòmhdach a bharrachd airson iad fhèin a dhìon ach cho-dhùin iad gum biodh seo ro chosgail.	
1.5	Banca ionnstramaidean ciùil	Oifigear Ionmhais & Rianachd	Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean.	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh	**U**
				Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh a' mhòr-chuid den bhliadhna	
			Air màl gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh.	Targaid airson ìre de dh' ionnstramaidean air màl air ruighinn.	**U**
1.6	Sgrùdadh Sgaoilidh	Neach-tionail	Luchd-teagaisg agus saor-thoilich uile an lùib nam Fèisean air sgrùdadh Sgaoilidh neartaichte fhaotainn.	Obair leantainneach le còrr is 2,000 Sgrùdadh Sgaoilidh dèante	**U**
				Sgrùdaidhean a-nis gan ùrachadh dhaibhsan a tha air a bhith air an stòr-dàta nas fhaide na trì bliadhnaichean.	
			Lean air adhart a' dèanamh cinnteach à deagh-chleachdadh a thaobh Dìon Chloinne (Targaid CEA)	Poileasaidh air ùrachadh agus air a sgrùdadh air stèidh leantainneach, le mothachadh gu bheil atharrachaidhean gu bhith a' tighinn air an t-siostam gu nàiseanta.	**U**

				Feumaidh na Fèisean uile liosta de luchd-teagaisg a chur a-steach agus tha tar-fhiosrachadh air a chumail orra gus dèanamh cinnteach gu bheil Sgaoileadh làithreach aca, mus tèid tabhartas fhuasgladh	
				Trèanadh leantainneach air a thabhann dhaibhsan a tha a' cur feum air	
1.7	Cumail suas stòr-dàta Luchd-teagaisg Fèise	Oifigear Ionmhais & Rianachd	Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh.	Chaidh ath-nuadhachadh a dhèanamh air an stòr-dàta gus a dhèanamh nas fhasa a chleachdadh. Chaidh latha trèanaidh airson luchd-obrach a chumail anns an Dùbhlachd.	**U**
				Bu chòir don bhathar-bog a tha sinn a' cleachdadh leigeil leis an stòr-dàta a dhol air-loidhne airson 's gun urrainn do luchd-obrach agus Fèisean uile a ruigsinn	
				Ùrachadh leantainneach ga dhèanamh le dàta ùr ga chur ris mar a dh'fheumar, ach gun neach rianachd tha seo air a bhith doirbh.	
1.8	Leasachadh, sgaoileadh agus reic fhoillseachaidhean	Ceannard	Foillsich leabhar a' comharrachadh 25 bliadhna de dh' Iomairt nam Fèisean ro no ann an 2006 (Targaid IGE)	Chaidh leabhar a' comharrachadh 25 bliadhna de na Fèisean fhoillseachadh san Dùbhlachd 2006	**U**
				Tha sinn an-dràsta ag obair air a bhith a' reic na 's urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean msaa	
				Tha againn fhathast ri aonta sgaoilidh ceart a bharganachadh ach tha seo air a bhith nas duilghe na bha sinn a' dùileachadh	
1.9	Dèanamh agus sgaoileadh naidheachdan cunbhalach agus fiosrachadh eile	Oifigear Margaidheachd & Conaltraidh		*Faileas* a-nis ga dhèanamh gu proifeiseanta air stèidh chunbhalach	**U**
				Tha 3 irisean air a bhith ann bhon Fhaoilleach ach on a dh'fhàg ar oifigear margaideachd chan eil gin air a bhith air fhoillseachadh.	
				Fiosrachadh de gach seòrsa a' buntainn ri Fèisean ga sgaoileadh air stèidh chunbhalach – cothroman maoineachaidh, fiosrachadh *VAN*, cothroman obrach, tachartasan msaa	
1.10	Taic airson Fèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	Cruthaich 2 Fhèis ùr gach bliadhna (Targaid IGE)	Ghabh Fèis Mhoireibh àite sa Chèitean ann an Siorrachd Mhoireibh	**U**
				Tha Fèis ùr gu bhith ann an Dùn Omhainn	
				Tha iarrtasan ballrachd againn bho dhà fhèis eile – Fèis a' Chaolais agus Fèis Cholla.	
				Chaidh feis ùr a chumail aig an RSAMD ann an Glaschu.	
1.11	A' toirt taic do leasachadh Fhèisean, no cruinneachaidhean de dh'Fhèisean, ag iarraidh barrachd neo-eisimeileachd	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	Lean air adhart a' toirt taic do phròiseactan Fèise fa leth leithid gnìomhan leudachaidh Fèis Bharraigh (Targaid CEA)	A' toirt taic do dh'Fhèisean Lochabair le Oifigear Leasachaidh làn-ùine ged a tha an dreuchd bàn aig an ìre seo. Tha an Ceannard agus am Manaidsear leasachaidh a' coimhead an dèidh nam Fèisean anns an sgìre anns an eadar-ama.	**U**

				Tha Fèis Spè a' faighinn taic bhon mhaoin stiùireadh pròiseict againn airson Oifigear Leasachaidh pàirt-ùine agus pròg ram obrach. Tha sinn a' coimhead air ciamar a chumamaid an dreuchd seo a' dol.	
				Tha sinn air taic a thoirt do dh'Fhèis Bharraigh thairis air dà bhliadhna le bhith a' togail maoin, agus le stiùireadh Neach-obrach Pròiseict pàirt-ùine bho latha gu latha	
				Tha Fèisean ann an sgìre InG a' faighinn taic le airgead a bharrachd bhon Mhaoin Leasachaidh againn gus maoin a dh'fhaodadh iad a bhith a' dùileachadh fhaighinn bhon LEC aca a chothromachadh.	
1.12	A' leudachadh taic airson nam Fèisean taobh a-muigh sgìrean 'traidiseanta' ùghdarrais ionadail	Ceannard	Le co-obrachadh le aon ùghdarras ionadail no barrachd, cuir Oifigear Leasachaidh an dreuchd gus Fèisean a chòmhdach nach eil air an còmhdach le oifigearan a tha ann mar-thà. (Targaid CEA)	Mar a thathar ag aithris gu h-àrd, tha sinn a' coimhead air cho ion-obrachail 's a bhiodh e oifigear fhastadh gus na raointean seo a chòmhdach ach chan eil seo a' dol a thachairt anns a' bhliadhna ionmhais seo.	**O**
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**				
2.1	Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne	Oifigear Gàidhlig	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Poileasaidh air a thoirt gu foirmeil do dh'Fhèisean le litrichean tairgse, cuide ri stiùireadh	**U**
				Planaichean Gàidhlig agus fiosan-ùra bliadhnail air an cur a-steach gu Fèisean nan Gàidheal agus bidh seo mar phàirt de na coinneamhean mheasaidh bhliadhnail.	
				Sgrùdadh dlùth agus an taic nas motha air a thoirt gus buileachadh gu h-èifeachdach tron Sgioba Gàidhlig againn.	
				Seach gu bheil uidheamachdan taice a-nis suidhichte, tha sinn air dòigh-làimhseachaidh nas cruaidhe a ghabhail seach gu bheil nas lugha de leisgeulan aig Fèisean gun a bhith a' buileachadh a' phoileasaidh nas iomlaine	
2.2	Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig	Oifigear Gàidhlig	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail	Bidh Sgioba-G a' tadhal air Fèisean gu tric gus Fèisean a chuideachadh le buileachadh Poileasaidh Gàidhlig, agus le pròg ram obrach a dhèanamh gus freagairt air feumalachdan fa leth.	**U**
				Dh'obraich an Sgioba-G le grunn fhèisean thairis air mìosan an t-samhraidh, le stuthan-teagaisg agus daoine a bharrachd air an toirt dhaibh mar a bha iomchaidh.	
2.3	Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean	Oifigear Gàidhlig	Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007	Obair leantainneach air a seo leis an dùil fhoillseachadh ro dheireadh na bliadhna	**U**

	Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal		Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007 (Targaid BnG)	Thathar an còmhnaidh a' cur ri stòr-dàta bhriathran	
		Oifigear Gàidhlig	Gàidhlig ri bhith faicsinneach air bileagan fiosrachaidh uile airson Fèisean ionadail le 30% ri bhith gu tur dà-chànanach (Targaid BnG)	Mean air mhean a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil Fèisean uile a' cleachdadh stuth dà-chànanach. Bidh còmhraidhean ann mu dheidhinn seo aig na coinneamhan mheasaidh.	**O**
				Is e obair leantainneach a tha seo agus tha cuideachadh eadar-theangachaidh ann do na Fèisean a tha a' cur feum air	
				Dòchasach a thaobh targaid a choinneachadh ann an 2007-08	
2.4	Leasaich Fèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra	Ceannard	Àireamh fhàsmhor de dh'Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig	6 Fèisean a-nis tro mheadhan na Gàidhlig, suas bho 2 ann an 1996	**U**
				Teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ga leasachadh ann am Fèisean nach eil gu tur tro mheadhan na Gàidhlig	
				Thèid sùil a chumail air a seo le aithrisean-sgrùdaidh	
		Manaidsear Leasachaidh	Dèan cinnteach à dealas do Ghàidhlig am measg Fèisean ùra	Cha tèid Fèisean ùra a leigeil a-steach airson ballrachd gun taisbeanadh gu bheil dealas aca don Ghàidhlig	**U**
				Chaidh foirm-tagraidh ùr a dhèanamh airson Fèisean ùra a tha ag iarraidh ballrachd. Tha iad seo a' còmhdach na cùise seo agus a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cur an ainm ri dealas mus tèid ballrachd a cheadachadh. Feumaidh buill a' Bhùird aontachadh ri iarrtas ballrachd sam bith.	
2.5	Leasachadh Dràma na Gàidhlig	Oifigear Dràma	Leasaich 2 Fhèis airson dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Tha Deirdre Ghreumach air a bhith a' cur air dòigh bùithtean obrach anns na h-Eileanan an Iar, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse, taobh tuath na Gàidhealtachd agus ann an Earra-Ghàidheal. Tha obair a' dol air adhart còmhla ri oileanaich ann an Dùn Èideann agus Glaschu agus aig an t-Sabhail Mhòir. Tha fèisean dhràma gu bhith a' tachairt ann am Port Rìgh (11 Màrt); Srath Pheofharain (13 Mart); Steòrnabhagh (20 Màrt) agus anns an Òbain (1 Giblean).	**U**
				Oifigear Dràma air Dreuchd Cheumnaiche – Dairdre Ghreumach – air a cur an dreuchd an-dràsta gus cuideachadh leotha seo.	
		Oifigear Dràma	Lìbhrig 2 sgoil shamhraidh Ghàidhlig aig a' char as lugha (Targaid IGE)	Obair leasachaidh a' leantainn le com-pàirtichean	**O**
				Buidheann-stiùiridh stèidhichte, agus chaidh trì coinneamhean a chumail gus bruidhinn mu phlanaichean chun a seo	
				Ciad Sgoil Shàmhraidh Dràma ri bhith suidhichte airson 2008	
		Oifigear Dràma	Lìbhrig 4 pròiseactan dràma Gàidhlig ann an 2007-08 (Targaid BnG)	Mar gu h-àrd, planaichean airson 5 Fèisean Dràma ann an 2007-08	**U**

		Ceannard	Glèidh oifigear dràma Gàidhlig (Targaid BnG)	Chaidh dreuchd Dhùbhghlas Beck a dhèanamh mar dhreuchd àbhaisteach ann an 2007-08 tro mhaoin bhunaiteach CEA, ged a bhios an dreuchd an crochadh air maoin BnG san ùine-fhada	**U**
		Oifigear Dràma	Cùm 5 fèisean dràma Gàidhlig air feadh na h-Alba le co-dhiù 30 sgoil a' gabhail com-pàirt (Targaid BnG)	Faic gu h-àrd – air an t-slighe cheart gu ruige na targaid seo.	**U**
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh na h-earrainn foghlaim foirmeil**				
3.1	Cùmhnant airson Iomairt Ciùil Òigridh sa Ghàidhealtachd	Ceannard/ Co-òrdanaiche	Lean air adhart a' leasachadh obair nam Fèisean leis an earrainn fhoghlaim fhoirmeil, ann an com-pàirteachas le ICO sa Ghàidhealtachd agus ann an Lodain an Ear (Targaid CEA)	Leantainneach, agus a' ruith gu soirbheachail. Thòisich an obair goirid an dèidh do na sgoiltean a thilleadh anns an Lùnastal air a' Ghàidhealtachd	**U**
				Chaidh goireasan teagaisg a chur a-mach gu sgoiltean agus luchd-teagaisg uile	
				Planaichean leasain a-nis suidhichte agus siostam ag obrachadh	
				Co-òrdanaiche Pàirt-ùine (seann Cheannard Sgoile) a-nis a' coimhead as dèidh cùisean eagrachail bho latha gu latha	
				Leasachadh Proifeasanta Leantainneach na riatanas leantainneach airson luchd-teagaisg. Chaidh tòrr dhiubh gu latha trèanaidh a chaidh a chumail le Fèis Rois anns an Lùnastal.	
				Bha sinn an dùil gum biodh Aonta Ìre Seirbheis foirmeil againn le CG bhon t-seisean seo ach cha do nochd dad fhathast.	
3.2	Comas airson obair chùmhnant Iomairt Ciùil na h-Òigridh (ICO)ann an sgìrean eile	Ceannard	Leudaich lìbhrigeadh chlasaichean ciùil traidiseanta thar sgìre Comhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas ri ICO, far a bheil iomchaidh (Targaid CEA)	Cùmhnant leantainneach le Comhairle Lodain an Ear tro Fhèis Dhùn Èideann. Dh'fhàg Cè Greumach bho chionn greis agus tha Kaela Rowan na àite gus seo a chumail a' dol.	**U**
				Cothrom gus obair a dhèanamh ann an sgoiltean nan Eilean Siar ach the feum iar còmhraidhean le Pater Marnoch aig a' Chomhairle a thaobh seo.	
3.3	Obair air Cànan na Gàidhlig ann an sgoiltean	Oifigear Dràma	Meanbh-Chuileag ri tadhal air sgìrean 5 LEC gach bliadhna (Targaid IGE)	Tha ullachaidhean air an dèanadh airson seo, agus bidh Meanbh-Chuileag air chuairt dhan a h-uile sgoil Ghàidhlig ann an Alba ach Sruighlea agus Forfair, a' tòiseachadh air an t-seachdain a' tòiseachadh 4 Gearran. Chaidh dealbh-chluich ùr a sgrìobhadh le Seònaid NicDhòmhnaill agus tha Darren MacIlleathain agus Daibhidh Byrne gu bhith air a' chuairt. Chaidh taic foghlaim fhaighinn bho Chalum Rothach agus bidh an dealbh-chluich air a stiùireadh le Dougie Beck agus Ruairidh MacNeacail bho Eden Court.	**U**
3.4	Obair foghlaim foirmeil eile	Ceannard		Mar chom-pàirtiche ann am Fòram a' Chiùil Thraidiseanta, tha sinn air rannsachadh a dhèanamh a thaobh feumalachdan foghlaim. Thèid an aithisg le Pamela Flanagan a chrìochnachadh anns an t-Samhain.	**U**

				Ghlèidh sinn maoin às leth Fèis an Earraich gus leigeil leotha obrachadh còmhla ri Àrd-sgoil Phort-Righ air pròiseact club as dèidh sgoile	
				Tha grunn Fhèisean eile air a bhith soirbheachail le tagraidhean ICO neo-fhoirmeil a chom-pàirticheas iad leis an earrainn fhoirmeil. Bha taisbeanadh glè mhath againn bho Jennifer McGlone aig CEA aig a' cho-labhairt anns an t-Sultain	
				Tha sinn air a dhol a-steach gu aonta le OGE, an RSAMD agus Sabhal Mòr Ostaig gus bruidhinn mun chothrom, no a chaochladh, airson Acadamaidh Fèise. Chaidh dà choinneamh a chumail gu ruige seo agus tha Creative Services air taic-airgid fhaighinn bho InG gus plana a chur ri chèile às leth na buidhne.	
				Trèanadh Luchd-teagaisg air a lìbhrigeadh tro Cholaistean Stow agus Pheairt	
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant, le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**				
4.2	Leasachadh Blas – A' Comharrachadh Ceòl na Gàidhealtachd	Ceannard	Leasaich agus leudaich am pròram Blas mar phàirt de Ghàidhealtachd 2007. (Targaid CEA)	Bha Blas 2007 soirbheachail le àrdachadh de 7% ann an àireamh luchd-frithealaidh.	**U**
				Fèis air a leudachadh le 53 consartan, coimisean ùr, taisbeanaidhean de *Harvest*, ceòl ann an ospadalan agus taighean airson seann daoine agus thèid feuchainn ris an oidhirp as fheàrr a chaidh a chlàradh san t-saoghal a bhriseadh le Còmhlan Cèilidh Crann Tàra!	
		Manaidsear Leasachaidh	50 tachartas air feadh na Gàidhealtachd (Targaid BnG)	Chaidh 53 tachartas foirmeil a chumail	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Fear/Bean an taighe a bhruidhneas Gàidhlig aig gach tachartas (Targaid BnG)	Bidh seo suidhichte coltach ri bliadhnachan roimhe	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Soidhnichean Gàidhlig ri bhith aig gach tachartas Blas (Targaid BnG)	Chaidh seo a bhuileachadh cho math 's a b'urrainn dhuinn, a' co-obrachadh le buidhnean ionadail.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Stuthan brosnachaidh Blas ri bhith dà-chànanach (Targaid BnG)	Bha postairean Blas uile dà-chànanach	**U**
				Bha sanasachd Blas dà-chànanach	
				Bha sanasan post-d Blas ann an Gàidhlig agus Beurla	
				Bha Gàidhlig ann am brataichean agus bùird-thaisbeanaidhean Blas uile	
		Oifigear Margaidheachd & Conaltraidh	Làrach-lìn Blas ri bhith dà-chànanach (Targaid BnG)	Air a bhith beò aig www.blas-festival.com bhon Ghearran	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Cairtean briathrachais Gàidhlig ri bhith air an toirt do gach ball de luchdan-èisteachd (Targaid BnG)	Bidh seo suidhichte coltach ri bliadhnachan roimhe	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Luchdan-èisteachd a mheudachadh bho 4,600 to 5,000 (Targaid BnG)	Bha 5,061 an làthair aig Blas 2007	**U**

		Ceannard	Pròg̀ram a lìbhrigeadh a tha air a dhealbhadh gus freagairt air prìomh amasan Blas (Targaid CG)	'S ann mar seo a tha le pròg̀ram a tha a' com-pàirteachadh dhaoine òga, cànan na Gàidhlig, luchd-ealain eadar-nàiseanta agus innleachdas	**U**
		Ceannard	Ma tha maoineachadh a bharrachd ga cheadachadh, leantainn le taic a thoirt do chòig Chuairtean Cèilidh agus seachdain de Cheòl Gàidhlig ann an Sgoiltean gach bliadhna (Targaid CG)	Fhuair còig Cuairtean Cèilidh taic am-bliadhna Shoirbhich le cuid den solaraichean ùidh a thogail am measg sgoiltean airson Seachdain Ceòl Gàidhlig ann an Sgoiltean a chumail. Tro GhASD, chaidh obair ealain eile a dhèanamh ann an cuid de sgoiltean aig àm Bhlas.	**U**
		Ceannard	Fèis a lìbhrigeadh a tha in-ghabhaltach agus a bhios tarraingeach do thar-earrainn farsaing de bhuidhnean aoise agus cultair (Targaid CG)	Tha fèisean a chaidh a chumail roimhe air daoine bho aois 5 gu 89 a tharraing, le no as aonais Gàidhlig, agus bhitheamaid an dòchas togail air a sin airson na bliadhna-sa. Chaidh measadh proifeiseanta a dhèanamh le Snedden Economics a thog air seo.	**U**
		Ceannard	Gus ìrean sàr-mhath ealain a chumail suas agus ìrean àrda de chùram luchd-cleachdaidh agus luchd-ùidh (Targaid CG)	Bha pròg̀ram fìor mhath ann an àite am bliadhna An crochadh air luchd-brosnachaidh ionadail airson cùram luchd-cleachdaidh ged a bha riochdaire Blas aig gach tachartas Bu chòir do chompanaidh ùr dèanamh cinnteach à deagh chùram do luchd-ùidh agus nì sinn cinnteach gu bheil luchd-maoineachaidh gu h-àraid air an coimhead as an dèidh le tiocaidean an asgaidh agus cuiridhean gu tachartasan cur-air-bhog, cuirmean msaa Chaidh coimhead as dèidh feadhainn a dh'fhaodadh a bhith nan urrasairean aig tachartas Runrig ann an Druim na Drochaid agus thog sin ùidh.	**U**
		Ceannard	Dearbhadh gu bheil Blas 2006 air na targaidean buileachaidh a tha air am mìneachadh sa phlana gnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)	Chaidh aithris air a seo mar-thà gu Gàidhealtachd 2007, agus chaidh bàrr a thoirt air targaidean	**U**
		Ceannard	Dearbhadh gu bheil Blas 2006 air na targaidean a bhathar a' dùileachadh airson reic thiocaidean taobh a-staigh a' phlana ghnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)	Chaidh bàrr a thoirt air targaidean Oifis Bogsa airson Blas 2006 Tha sinn an dùil bàrr a thoirt air an targaid Oifis Bogsa againn airson 2007 ged a dh'fhaodadh buaidh a bhith aig na cuirmean Harvest air seo.	**U**
		Ceannard	Solarachadh de phròg̀ram mionaideach Blas 2007, a' soilleireachadh amas eadar-nàiseanta a' phròg̀raim thachartasan. (Targaid G2007)	Chaidh pròg̀ram a chur a-steach gu foirmeil gu Gàidhealtachd 2007 ach bha oifigearan G2007 an lùib a' phròiseas	**U**
		Ceannard	Dearbhadh gu bheil Blas 2007 air na targaidean a tha air am mìneachadh taobh a-staigh a' phlana ghnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)	Thèid aithris air as dèidh Blas 2007	**U**
		Ceannard	Dearbhadh gu bheil Blas 2007 air na targaidean a bhathar a' dùileachadh airson reic thiocaidean taobh a-staigh a' phlana ghnothachais a choileanadh. (Targaid G2007)	Reic sinn rud beag nas lugha na bha sinn an dùil leis nach d' rinn 'Harvest' cho math sa bha sinn an dòchas.	**O**

		Ceannard	Cur a-steach a' cheisteachain mheasaidh a thathar a' lìonadh as dèidh Gàidhealtachd 2007 (Targaid G2007)	Chaidh seo a-steach anns an Dùbhlachd le iarrtas son an £10k a bha ri thighinn.	**U**
		Ceannard	Fianais de dheagh thaic mhaoineachaidh gus Blas 2008 a chumail suas. (Targaid G2007)	Tha am Post Rìoghail agus an Co-op gu bhith gar maoineachadh ann an 2008, le suimean beaga. Cha bhi Banca Dhail Chluaidh a' leantainn leis a' mhaoin acasan.	**U**
				Tha CEA agus IGE mar-thà air tabhartas a thoirt seachad tro mhaoin Cèilidhean air Chuairt	
				Tha cuid de dh'airgead CEA ri chleachdadh airson na fèise agus tha fios aca nach bi maoin G2007 rim faotainn bho 2008 air adhart	
				An dòchas gun tig cuid en na buidhnean eile leis a bheil a sinn air a bhith ag obair air bòrd le taic ann an 2008.	
4.3	A' leantainn le taic airson Cuairtean Cèilidh Fèise	Ceannard	Ann an com-pàirteachas le Fèisean, thoir tuilleadh leasachaidh air lìonradh de Chuairtean Cèilidh (Targaid CEA)	Maoineachadh ri fhaotainn taobh a-staigh buidseat Blas, le maoin IGE agus CEA a bharrachd glèidhte airson 2007	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Cruthaich 5 Cuairtean Cèilidh Fèise aig a' char as lugha thar sgìre IGE ro no ann an 2009 (Targaid IGE)	Bha Fèis an Earraich, Fèis Chataibh, Fèis Lochabair, Fèis Rois agus Fèis Spè a' ruith Cuairtean Cèilidh ann an 2007, le Fèis Spè ùr nam measg.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh		Tha Jenna Chuimeanach, le taic bhon Mhanaidsear Leasachaidh, air a bhith ag obair air Cèilidh air Chuairt a stèidheachadh anns na h-Eileanan Siar.	**U**
4.4	A' brosnachadh Fhèisean ionadail gus stuthan a thasgadh airson an cleachdadh ann an suidheachaidhean teagaisg san sgìre aca	Manaidsear Leasachaidh	Pròiseact tasglannaidh ri stèidheachadh.	Tha Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta air £50k aontachadh agus tha maoin den aon shuim gus seo a mhaidseadh suidhichte againn	**U**
				Chaidh Emily Edwards fhastadh mar cho-òrdanaiche pàirt-ùine airson a' phròiseict seo	
				Chaidh iarraidh air Fèisean ionadail ùidh a nochdadh anns a' phròiseict agus tha i an dùil a bhith ag obair còmhla ri co-dhiù dhà fhèis.	
	Bidh inntrigeadh in-thaigh ri fhaotainn do luchd-obrach ùr Ri chur air dòigh. A' gabhail àite gu nàdarra. • Anna Willoughby – a' dèanamh adhartas le Ceum MBA • Iona NicDhòmhnaill – a' dèanamh adhartas le Ceum Mhaighistir (Cultar)
	4 seiseanan gràmar Gàidhlig airson luchd-obrach FnG (Targaid BnG) Thachair 3 seiseanan mu-thràth. Thèid latha eile a chumail air 12 Màrt.
	4 bùithtean-obrach cànain airson comataidhean Fèise aig diofar ìrean ro no ann am Màrt 2008 (Targaid BnG) Tha ceithir bùithtean-obrach (aig diofar ìrean) air a chur air dòigh an taobh a staigh na Fèis Trèanaidh 2008. Cùrsa Ulpan a' ruith do luchd-obrach aig Fèis Rois (pàighte le FnG)
	Taic airson 20 neach gus cùrsa Gàidhlig, a tha a' freagairt air na feumalachdan aca, a dhèanamh ann an 2007-08 (Targaid BnG) Air a thabhann air stèidh leantainneach, le 13 neach an-dràsta a' gabhail trèanadh de dhiofar sheòrsachan ann an cànan na Gàidhlig

	11 clàraichte air an Cùrsa Inntrigidh sa bhliadhna, 4 deiseil agus a' ceumnachadh 4 clàraichte air an Cùrsa Adhartais, 2 air tòiseachadh. 16 a' nochd aig na cùrsaichean goirid aig an fhèis thrèanaidh (2007). (31 gu lèir) 11 clàraichte (gu ruige seo) airson FT08.

Neach-obrach	Emily Edwards
Dreuchd	Òigear Thasglann agus Pròiseactan Sònraichte
Ràithe na h-aithisg	An t-Samhain 2007 – An Gearran 2008

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Fios. Plana -Leas	
4.4	**Pròiseact tasglannaidh ri steidheachadh**
	On a thoisich mi nam obair ur 29mh An Dàmhair 2007, tha mi air bileag fiosrachaidh a sgrìobhadh mun phròiseact ur seo agus chaidh e a chur dha na Fèisean air fad air ais anns an t-Samhain. Ma bha ùidh aig na Fèisean pàirt a ghabhail sa phròiseact, chaidh iarrtas a chur thuca agus bha feum aig an Fhèis ga chuir air ais thugam ro 14mh Faoilleach. Fhuair mi iarrtasan air ais bho Fèis a' Bhealaich, Fèis air an Oir agus chuir Fèis a' Bhaile agus Fèis na h-Òige iarrtas a-staigh còmhla. Tha mi a' feitheamh airson iarrtas air ais bho Feis Ceann Loch Goibhle. Thàinig mi fhìn is Daibhidh dhan co-dhùnadh gun gabh Fèis a' Bhealaich agus Fèis air an Oir a dhèanamh sa chiad bhliadhna, ag amas air crìoch a chuir air na pròiseactan anns an t-Sultain 2008, agus gabh Fèis a' Bhaile/Fèis na h-Òige agus Fèis Ceann Loch Goibhle a dhèanamh anns an darna bhliadhna, ag amas air crìoch a chur air na pròiseactan seo anns an Lùnastal 2009. Bidh sinn ag amas air dà phròiseact eile a dhèanamh anns an treas bliadhna. Cuideachd, tha mi air ceithir innealan clàraidh didsiotach a cheannach agus tha mi an dràsta a' cur na seiseanan-trèanaidh air dòigh airson a' chiad bhliadhna den phròiseact.
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	'S e cothrom air leth a bh' ann do Fhèisean nan Gàidheal a chluich aig Eden Court air 11mh Faoilleach 2008 mar phàirt den oidhche mu dheireadh Gaidhealtachd 2007. Chaidh e iarraidh air neach-ciùil agus sgrìobhaiche-ciùil Blair Dùghlas coimisean ùr a sgrìobhadh le 3 òrain Gàidhlig ùr, puirt agus dannsa-ceum. Bha 29 com-pàirtichean nam Fèis eadar na h-aoisean 16 agus 21 bho air feadh na Gaidhealtachd, a' gabhail pàirt anns an taisbeanadh agus thàinig iad uile dhan dhà deireadh-seachdain trèanaidh a bh' againn far an do dh'obraich iad uile gu cruaidh an ceòl ùr ionnsachadh. 'S e cuirm-ciùil air leth soirbheachail a bh' ann, agus fhuair sinn fios air ais bho dhaoine ag ràdh cho math sa bha an cèol agus na com-pàirtichean. Tha sinn an dòchas gum bi barrachd cothroman ann an ceòl a chluich a-rithist nas ainmiche sa bhliadhna, a bharrachd air turas dha Liverpool anns an Dùbhlachd 2008 airson pàirt a ghabhail ann an taisbeanadh 'Dealbh Dùthcha'.

Neach-obrach	Nicola Marshall
Dreuchd	Oifigear Leasachaidh
Ràithe na h-aithisg	An Dùbhlachd 07 – An Gearran 2008

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid 1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**

	Cha bhith na fèisean a dèanamh mòran eadar An Dùbhlachd agus An Gearran 's mar sin bith ùine aca airson obair-rianachd agus planaichean airson am bliadhna sa tighinn ullachadh. Bidh Fèis Inbhir Narann, Fèis Ratharsaidh agus Fèis Mhoireibh a tachairt anns na seachdainean a tha ri thighinn. Tha Fèis an Earraich trang an-dràsta deasachadh airson am prìomh fhèis aca, bidh sin a tachairt anns a' Phloc bho 24 gu 28 Màirt. Bidh agallamhan airson na Cèilidhean Air Cuairt an t-seachdain sin agus bidh mi an sàs leotha. Rinn 'Cèilidhean Air Cuairt sa Mhonadh Ruadh' ceithir cuirmean-ciùil aig am na Nollaig agus fhuair iad fàilte mhòr anns gach àite san robh iad. Bidh Fèis Spè a dèanamh deireadh-seachdain còmhlan-ciùil airson deugairean ann am Ballater air 22 agus 23 Gearran. 'S e Fraser Stone agus John Somerville a bhios a' teagaisg. As dèidh beagan fois bidh Fèis Chille Mhoraig ag obair leis na bun-sgoiltean ionadail agus Talla-Cille Mhoraig airson cruth ùr a chuir air an fheis. Tha mi an dòchas gum bi mi ag obair còmhla riutha airson leasachadh na planaichean aca. Ron Nollaig bha mi ag obair còmhla ri Maree Nicolson air formaichean-tagraidh taic-airgead a crìochnachadh airson Fèis a' Bhaile. Bha an iarrtas gu Awards for All soirbheachail agus fhuair iad taic-airgead airson clasaichean seinn agus dannsa-ceum. Tha iad fhathast a' feitheimh airson freagairt bho YMI Informal Sector mu dheidhinn airgead airson bùthan-obrach còmhlan-ciùil. Tha mi toilichte a ' ràdh gum bi Fèis a' Bhealaich agus Fèis Air an Oir a gabhail pàirt anns am pròiseact tasglann. Bheir mi taic dhaibh leis am pròiseact seo ma bhios feum aca. Rinn mi obair còmhla ri Fèis Chataibh a chuir form-tagradh do sgeama leasachaidh nam fèisean agus fhuair iad airgid airson deireadh seachdain còmhlan-ciùil airson deugairean agus bùthan-obrach teicneolas airson com-pàirtichean agus a' chomataidh. Bidh an deireadh seachdain còmhlan-ciùil ann an Goillspidh air 29 Gearran gu 1 Màrt. Fhuair Fèis Gleann Albainn airgead bho sgeama leasachaidh nam fèisean cuideachd airson bùthan-obrach còmhlan-ciùil agus cuirm-ciùil airson airgead a' thogail airson an fhèis. Bidh sin a tachairt air 22 Gearran ann an talla Inbhir Gàrraidh . Bidh Fèis Inbhich Gleann Albainn a tachairt air an deireadh-seachdain seo agus bidh àireamhan nas àirde nan robh iad an-uiridh. Bidh cruth ùr air bùthan-obrach Fèis na h-Òige anns na mìosan a tha tighinn agus tha iad dòchasach gum bi iad ag obair le Fèis a' Bhaile airson am bliadhna seo airson pàirt a' gabhail ann an pròiseact tasglann. Bidh an coinneamh bliadhnail aca anns A' Mhàirt.
Targaid 2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	As dèidh coinneamh le gach fèis anns an sgìre agam, tha mi ag obair còmhla ri Calum-Alex airson ùrachadh a thoirt air na na planaichean Gàidhlig aca. Tha sinn ag obair air cruth ùr agus bidh gach plana a' buntainn ri gach fèis. Bidh sinn a' leasachadh na planaichean gach bliadhna. Bidh mi a dèanamh bùth-obrach le Calum-Alex air 'dà-chànanachas' aig deireadh-seachdain fèis trèanaidh.
Targaid 3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Bidh Fèis Spè, Fèis an Earraich, Fèis Chataibh agus Fèis Rois a' leantainn le YMI anns na bun-sgoiltean. Bha pròiseact aig Fèis Inbhir Narann a coimhead air an abadail Gàidhlig co-cheangailte le cànan, òran, geamannan agus àrainneachd agus bha e uamhasach soirbheachail, bidh iad a' leantainn le clasaichean seinn anns na bun-sgoiltean.
Targaid 4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**

	Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas. Bidh mi a chuir air dòigh Fèis Alba anns na seachdainean a tha romhainn agus tha mi an dòchas gum bi na luchd-teagaisg gu lèir agam ro dheireadh na mìos. Bidh sinn air maoineachadh fhaighinn airson na Cèilidhean air Cuairt aig deireadh na mìos seo agus bidh mi a toirt taic do na fèisean anns an sgìre agam airson agallamhan agus trèanadh a chuir air dòigh ro Fèis Alba.
Targaid 5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean** • 15 Dùbhlachd – Latha Trèanaidh airson Cèilidhean Air Cuairt sa Mhonadh Ruadh • 20 Dùbhlachd - -Coinneamh luchd-obrach • Thug mi taic do na fèisean airson formaichean-tabhartas 08-09 a chuir a staigh agus plans a chuir air dòigh airson am bliadhna. • Bidh mi a sàs ann an deireadh-seachdain Fèis Trèanaidh agus rinn mi obair còmhla ri Calum-Alex airson bùth-obrach a chuir air dòigh.
Targaid 6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Bha mi toilichte a bhith an sàs anns a' phròiseact 'Portrait of a Nation' ann an Faoilleach. Tha mi an dòchas gum bi mi a chuir air dòigh bùthan obrach airson Fèis Spè leis am fìdhlear ainmeil Troy MacGillivray à Alba Nuadh.

Neach-obrach	Christine Nic an t-Saoir
Dreuchd	Oifigear Leasachaidh
Ràithe na h-aithisg	Dùbhlachd 2007 – Gearran 2008

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid 1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Coinneamhan **Dàmhair 2007** 11 Fèis Cheann Loch Goibhle a' bruidhinn mu pròiseact sgoiltean 22 Coinneamh ri Fiona Blakey "co-òrdanaiche cultarail" sgoiltean Earra-Gaidheal airson barrachd obair a dhèanamh còmhla 25 Fèis Ile agus Dhuira airson bruidhinn mu leasachaidhean 27 A' cuideachadh aig Fèis bheag Latharna 29 AGM Fèis Latharna **Samhainn 07** 1 Coinneamh eadar mi fhìn agus D Beck airson fèis dhràma a thoirt air aoidh ann an Glaschu agus Earra Ghàidheil 2 Coinneamh eile ri Fiona Blakey 6 Coinneamh ri Fèis Latharna 9 Coinneamh ri Fèis Lannraig a Tuath 13 A' bruidhinn ri Nial Urquhart, foghlam coimhearsnachd, anns an Obainn mu dheidhinn taic-airgead 14 Coinneamh ri G MacLean, An Tobar ann a' Muile mu dheidhinn luchd cùil 22 Bha mi aig "Rhapsody Earra Ghàidheil" anns an Obainn 24 A' bruidhinn ri Fèis Lannraig a Tuath mun phlana aca 24 Aig coinneamh le Fèis Innis an Uillt 26 Aig latha trèanaidh ann an Inbhir Nis

	28 Aig coinneamh le Fèis Dhuin Bhreatainn an Iar **Dubhlachd** 3 Aig coinneamh le Fèis Lannraig a Tuath mu airgead fèise 19 Latha trèanaidh ann an Srath Pheofhar 20 Aig coinneamh ri Foghlam Coimhearsnachd - Dhuin Bhreatainn an Iar **Faoilleach** 8 Anns an Òban agus Apainn a' bruidhinn mu dhràma 10 A' cuideachadh Fèis Latharna le foirm iarrtais agus a' coinneachadh ri L Elliot bho Leader 12 A' cuideachadh Fèis Innis an Uillt le foirm iarrtais 16 A' toirt taic do Fhèis Ghlaschu le foirm-iarrtais 17 A' toirt taic do Fèis Thioridh le foirm- iarrtais 21 A' toirt taic do Fhèis Dhuinn Bhreatainn le foirm Iarrtais 24 Coinneamh Bhliadhnail Fèis Àrainn 28 A' toirt taic do Fhèis Cheann Loch Goibhle le Foirm iarrtais 29 A' toirt taic do Fhèis Mhuile Coinneamh Fhèis Ìle ri dhèanamh fhathast
Targaid 2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Aig gach coinneamh Fèise tha mi air a bhith cuir cuideam air cho cudromach sa tha Gàidhlig. Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd Gàidhlig a lùib na fèisean agus bidh sinn a' feuchainn ri na planaichean Gàidhlig aca a dhèanamh nas follaisiche. Tha Sgoil Mhallaig a' cur dà chlas don fhèis dhràma am bliadhna Tha Fèis Lannraig a Tuath a' cur air aoidh còmhlan "pop"
Targaid 3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Tha Fèis Cheann Loch Goibhle a dèanamh barrachd obair anns na sgoiltean The Fèis Ghlaschu ag obair còmhla ri Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' cur clasaichean air bhonn Tha Fèis Dhuinn Bhreatainn a' dèanamh barrachd anns na sgoiltean aca The Fèis Naomh Chonbhal an dòchas pròiseact a chuir air bhon còmhla ri Sgoil Highlanders The Fèis Innis an Uillt a' dèanamh obair anns a sgoil gu math tric
Targaid 4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	N/A
Targaid 5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	Bha mi aig latha trèanaidh ann an Inbhir Nis Aig latha trèanaidh ann a Srath Pheofar A toirt taic do luchd teagasg barrachd trèanadh a dhèanamh Air tòrr trèanadh a chumail aig coinneamh mu Ghàidhlig agus cur-seachadan Gàidhlig.
Targaid 6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Aig an oidhche 'Rhapsody Earra Ghàidheil' A' bruidhinn ri comhairlichean Aig coinneamh na h-Eileanan Beaga ann an Muile A' sgrìobhadh stuth son Faileas A gabhail dealbhan Aig "Cuirm Duaisean" ann an Lannraig a Tuath

Neach-obrach	Jenna Chuimeanach
Dreuchd	Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar
Ràithe na h-aithisg	An Dùbhlachd 2007 – An Gearran 2008

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid 1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Chun an seo tha mi air coinneachadh le Fèis Eilean an Fhraoich, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Taigh Dhonnchaidh, Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Tìr a' Mhurain. Air sgath 's an droch aimsir chan eil e air a bhith comasach coinneachadh le co-òrdanaiche Fèis Bharraigh ach tha sinn an dòchas coinneamh a chumail air Skype a dh' aithghearr. Thèid neach-rianachd ùr airson Fèis Eilean na Hearadh ainmeachadh ro dheireadh a' Mhàirt. Thèid sanas fhoillseachadh an ath-sheachdain. Tha mi air bileagan clo-bhualadh le cinn-latha na Fèisean anns na h-Eileanan an Iar orra. Thèid an sgaoileadh air feadh na h-Eileanan. Fèis Tìr an Eòrna 30mh den t-Òg Mhìos - 4mh dhen t-Iuchar Fèis Bharraigh 6mh dhen t-Iuchar - 12mh dhen t-Iuchar Fèis Eilean na Hearadh 7mh dhen t-Iuchar - 11mh dhen t-Iuchar Fèis Tìr a' Mhurain 14mh dhen t-Iuchar - 18mh dhen t-Iuchar Fèis Eilean an Fhraoich 28mh dhen t-Iuchar - 1mt den Lùnastal Fèis an Rubha 4mh den Lùnastal - 8mh den Lùnastal Fèis Taigh 4mh den Lùnastal - 8mh den Lùnastal_
Targaid 2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Le taic bho Calum Alex bi mi ag obair le na Fèisean son ùrachadh a thoirt air planaichean Gàidhlig nam Fèisean am bliadhna.
Targaid 3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
Targaid 4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha 18 gus a bhith a' gabhail pàirt as na bùthan-obrach aig Baile Tughaidh nan Gearrannan an ath-sheachdain. 'S e obair-bhuidhne a bhios aig cridhe na deireadh-seachdain far am bi com-pàirtichean a' laimhseachadh fuinn agus òrain Ghàidhlig agus a' cur an dreach fhèin orra. Bidh triùir a' tighinn à Barraigh 's bidh triùir eile a' riochdachadh Fèis Tìr an Eòrna. Bidh tè as na Hearadh an làthair agus bidh 11 à Fèis Eilean an Fhraoich a' gabhail pàirt. As t-Samhradh thèid Ceilidh air Chuairt a' stèidheachadh anns na h-Eileanan an Iar airson a' chiad uair. Chaidh tagradh ullachadh san Fhaoilleach agus tha e na amas gum bi co-òrdanaiche air ainmeachadh ro dheireadh a' Mhàirt.
Targaid 5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	Bha mi'n làthair aig an latha trèanaidh ann an Srath Pheofhair air Diciadain 19mh dhen Dùbhlachd 2007. Bidh mi aig 'Gàidhlig do Luchd-obrach' a tha a' gabhail àite ann am Port Rìgh air Diciadain 12mh dhen Mhàirt. Gheibh mi trèanadh ann an Ciad Chobhair, Dìon Chloinne agus Measadh Chunnairt aig am Fèis Trèanaidh air 15mh & 16mh dhen Mhàirt ann an Inbhir Nis.

Targaid 6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**

Neach-obrach	Calum Ailig MacMhaolain
Dreuchd	Oifigeir Gàidhlig
Ràithe na h-aithisg	Samhainn 07 – Gearran 08

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid 2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
2.1	**Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne**
	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA) Tha am poileasaidh Gàidhlig air a bhith ann an àite a-nis airson cha mhòr trì bliadhna agus tha sinn ag obair gu dlùth a' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' gabhail ris a' phoileasaidh. Tha sinn a' toirt cuideachadh gu cuid dhan na Fèisean le bhith eadar-theangachadh an fhiosrachadh a bhios iad a' sgaoileadh. Tha sinn a' coimhead ri Pasgan Gàidhlig ùr a chruinneachadh son gach Fèise. Tha mi air a bhith 'g obair le Nicola airson poileasaidhean Gàidhlig a chruthachadh son na Fèisean aice. Tha mi air a bhith bruidhinn ri Jenna agus Christine mu seo agus tha mi 'n dòchas gum faigh mi air an aon seòrsa obair a dhèanamh còmhla riuthasan. Airson an deireadh-sheachdain trèanaidh bha mi fhìn is Nicola dol a dhèanamh taisbeanadh air am poiliseadh Gàidhlig, mar a dh'fhaodadh na Fèisean gabhail ris, obair dà-chànanach agus mar is urrain dhuinn cuideachadh le na rudan seo. Tha seo againn deiseil agus tha sinn an dòchas gum faigh sinn air seo a dhèanamh nuair a thèid an trèanadh seo a chumail. Tha Dougie a' leantainn air obair air na planaichean son an Sgoil Shamhraidh Dràma
2.2	**Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig**
	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail. Tha an Sgioba-G gu bhith gu math trang air na mìosan tha ri teachd. Bidh iad a' tòiseachadh aig Fèis Inbhir Narainn. Agus bidh an Sgioba cuideachd aig Fèis Ìle, Fèis Obar Dheathain agus Fèis Ceann Loch Goibhle anns na seachdainean tha ri thighinn. Tha sinn an dùil gum bi iad trang a-rithist aig àm na Càisge, le Fèis Lochabair air iarrtas a chuir thugainn mar tha. Tha mi ag obair air cur-seachadan ùra dhan Sgioba fad an t-siubhal. Tha mi feuchainn ri na compiutairean a chleachdadh beagan a bharrachd le na cur-seachadan airson na deugairean. Tha mi cumail an stòr-data de dh'ainmean suas agus bidh mi a cuir ainmean ris gu math tric 's mi cluinntinn bho daoine a tha 'g iarraidh obair a dhèanamh mar phàirt den Sgioba.
2.3	**Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**

	Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007 (Targaid BNAG) Thathar a' cumail a' dol le obair airson an stòr-data an-dràsta agus tha mi 'n dòchas gum bi e air loidhne a dh'aithghearr. Tha mi an còmhnaidh a' cur faclan/abairtean/briathrachas a-steach ann uair sam bith a bhios sinn a' lorgas mi iad. Tha mi air a bhith cruinneachadh rudan mar ainmean àite, abairtean is faclan feumail tha nochdadh tric ann an obair na Fèisean agus briathrachas ceart son buidhnean oifigeil. Cho luath sa thèid e air loidhne cumaidh mi orm a chuir briathrachas ùra ris **Gàidhlig ri bhith faicsinneach air bileagan fiosrachaidh uile airson Fèisean ionadail le 30% ri bhith gu tur dà-chànanach (Targaid BNAG)** Tha sinn a' dèanamh adhartas mhath le na Fèisean a bhith sgaoileadh fiosrachadh gu dà-chànanach. Tha e na amas dhuinn, agus aon dhan na targaidean a tha BNAG air iarraidh oirnn, gum bi co-dhiù 30% dhan an fhiosrachadh tha gach Fèis a' sgaoileadh anns an dà-chànan. Air na mìosan a-chaidh seachad tha mi air a bhith uamhasach trang le eadar-theangachadh son Fèisean, gu h-airidh le formaichean iarrtais agus cuideachd bileagan fiosrachaidh a-measg rudan eile. Tha mi a' faicinn gu bheil Fèisean a' dèanamh adhartas math le bhith sgaoileadh fiosrachadh gu dà-chànanach agus tha mi gu math dòchasach gu bheil seo dol a' leantainn agus gum bi mi a' faicinn barrachd dhan na Fèisean ag obair mar seo.

Neach-obrach	Dougie Beck
Dreuchd	Oifigear Dràma
Ràithe na h-aithisg	Samhain - Gearran 2008

Earrann 1 Adhartas air Targaidean Fèisean nan Gàidheal a tha a' buntainn riumsa	
Àir. Targaid	**Targaid** Iomradh air adhartais
2.1	**Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne**
	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA)
	Bidh an Sgoil Shamhraidh a' gabhail àite airson ceala-deug, an dàrna cuid aig toiseach no meadhan an Iuchair, ann am Port Rìgh no ann an Leòdhas. Tha sinn ag obair còmhla ri Theatre Hebrides an-dràsta gus àite a dhearbhadh air a son, agus airson luchd-teagaisg fhastadh. A' leantainn air comhairle a fhuaradh bho Theatre Hebrides, tha sinn am beachd neach-stiùiridh ealain fhastadh bho thaobh a-muigh Alba, 's dòcha bho Chanada. Thèid fiosrachadh mun Sgoil, a bhios fosgailte do neach sam bith le Gàidhlig eadar 14 agus 18, a sgaoileadh air sgoiltean agus buidhnean eile a dh'aithghearr. Bidh sinn a' fastadh neach-rianachd airson cuideachadh a thoirt seachad le deasachadh etc. A thuilleadh air FnG, Tosg, Eden Court, Comunn na Dràma agus Theatre Hebrides, tha Promote YT agus SYT air nochdadh gu bheil iad airson a bhith an sàs. Tha FnG a' smaoineachadh gu bheil e air leth cudromach gum bi e soilleir do chàch gur e pròiseact com-pàirteachaidh a tha seo, agus gum feum e taic bhon a h-uile buidheann a tha an sàs.
2.5	**Leasachadh Dràma na Gàidhlig**
	Leasaich 2 Fhèis airson dràma Gàidhlig (Targaid CEA)
	Cha robh cothrom agam fhìn gu ruige seo tadhal air Fèis Òigridh Ghlaschu, ach tha Deirdre Ghreumach gu bhith a' bruidhinn riutha mu na tha iad a' dèanamh. Tha mi fhìn air bruidhinn ri Fèis a' Bhaile airson pròram de chlasaichean dràma a leasachadh ag amas air luchd-ionnsachaidh ann an àrd-sgoiltean Inbhir Nis (tha seo a thuilleadh air na tha clasaichean a tha air a bhith a' ruith airson ùine mar-thà).
	Lìbhrig 2 sgoil shamhraidh Ghàidhlig aig a' char as lugha (Targaid IGE)
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha planaichean mu choinneamh na Sgoile Samhraidh air chois, agus gabhaidh a' chiad Sgoil àite san Iuchar 2008. Chaidh aontachadh gun robh cus deasachaidh ri dhèanamh airson an Sgoil a ruith ann an 2007.

	Lìbhrig 4 pròiseactan dràma Gàidhlig ann an 2007-08 (Targaid BnG) ***agus*** **Cum 5 Fèisean Dràma air feadh na h-Alba le co-dhiù 30 sgoil a' gabhail com-pàirt**
	Tha Pròiseactan gan ruith an-dràsta ann an Earra Ghàidheal, Ceann a Tuath na Gàidhealtachd, An t-Eilean Sgitheanach, agus Leòdhas agus na Hearadh. Thuige seo, tha cha mhòr gach sgoil air co-dhiù aon seisean teagaisg fhaighinn bho Dheirdre Ghreumach, agus tha i an-dràsta a' dol timcheall cuid aca airson an dàrna turais. Bidh na sgoiltean uile anns gach sgìre a' tighinn còmhla air na cinn-latha a leanas airson oidhche de thaisbeanaidhean a chur air: An t-Eilean Sgitheanach – Aros: 11 Màrt Ceann a Tuath na Gàidhealtachd – Pavilion Shrath Pheofhair: 13 Màrt Leòdhas agus na Hearadh – An Lanntair: 20 Màrt (NB: tha an ceann-latha airson Earra Ghàidheal ri dhearbhadh fhathast). Tha Pròiseact Dràma nan Oileanach air faighinn gu dol gu soirbheachail ann an Sabhal Mòr Ostaig agus Oilthigh Dhùn Èideann, agus thathar air bruidhinn ri buidhnean ann an Obar Dheathain agus Glaschu cuideachd. Thathar a' sùileachdainn gun tig na h-oilthighean/colaistean seo còmhla sa Chèitean airson oidhche de thaisbeanaidhean a chur air ann an Inbhir Nis.
3.3	**Obair air Cànan na Gàidhlig ann an sgoiltean**
	Meanbh-Chuileag ri tadhal air sgìrean 5 LEC gach bliadhna (Targaid IGE)
	Tha Meanbh-chuileag an-dràsta a' dol timcheall sgoiltean Gàidhlig le dealbh-chluich a tha a' rannsachadh chuspairean cudromach leithid na h-àrainneachd, blàthachadh na cruinne agus ath-chuairteachadh. Chaidh an dealbh-chluich a sgrìobhadh le Seònaid Johansen, agus chaidh Calum Rothach fhastadh airson a' chuairt a chur ri chèile, agus airson cuideachadh a thoirt seachad le deasachadh an deilbh-chluich. Chaidh ceala-deug a chur seachad ga dheasachadh, às dèidh dhuinn dithis chleasaiche fhastadh air a shon (Darren MacIlleathan agus Daibhidh Byrne). Fhuaradh taic a thaobh stiùiridh bho Ruairidh MacNeacail. Bidh an sgioba seo a' tadhal air còrr is leth-cheud sgoil Ghàidhlig eadar seo agus treas seachdain a' Mhàirt – cha mhòr a h-uile sgoil Ghàidhlig a th' ann. A thuilleadh air seo, chuir mi seachad trì seachdainean ag obair còmhla ri Eden Court air an dealbh-chluich aca *Ceann Mòr*, a chaidh a thaisbeanadh do dhusan sgoil air Ghàidhlteachd ann an Samhain 2007.
4.2	**4 bùithtean-obrach aon-latha airson luchd-teagaisg dràma air feadh na h-Alba (Targaid BnG)**
	Chum sinn deireadh seachdain trèanaidh ann an Inbhir Nis anns an t-Sultain. Bha còir aig seo a bhith air a chumail ann am Peairt ach tharraing grunn daoine a-mach, agus airson cosgaisean a gheàrradh, ghluais sinn an tachartas gu Inbhir Nis. Bidh sinn a' cumail thachartasan eile den aon seòrsa a-rithist mar phàirt de dheasachadh airson na Sgoile Samhraidh.
6.5	**Fiosrachadh**
	Fiosrachadh uile ri dhèanamh dà-chànanach, no sa Ghàidhlig a-mhàin, far a bheil iomchaidh (Targaid BnG)
	Tha na stuthan uile aig FnG gan deasachadh a rèir nan slatan-tomhais seo. Feumaidh gach Fèis an leantainn, agus gheibhear taic sam bith mu choinneamh seo ma tha sin a dhìth.

Fèisean nan Gàidheal

Iarrtasan Ballrachd
Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2008.05(b)

Iarrtas Ballrachd – Membership application

Airson ballrachd a thoirt a-mach le Fèisean nan Gàidheal, feumaidh sinn fiosrachadh fhaighinn bhuaibh a leigeas leinn cead a' Bhùird-Stiùiridh againn fhaotainn ballrachd a thoirt dhuibh. Ma bhios sibh soirbheachail bidh na cùnnraidhean a leanas an cois ur ballrachd.

To be considered for membership of Fèisean nan Gàidheal, we need to get some information from you which will allow us to get approval from our Board of Directors to offer you membership.

1. **Feumaidh gach fèis a bhith a' cur air dòigh cothroman-teagaisg airson òigridh eadar 8 agus 18, le Gàidhlig na pàirt gu math mòr nan lùib, a bharrachd air ceòl bhon dhualchas Gàidhlig agus òrain Gàidhlig a theagasg. Chan urrainnear taic a chumail ri fèisean a tha gu tur airson inbhich.**

   All Fèisean applying for membership must be tuition-based, for young people aged 8-18, with a significant Gaelic language element, as well as tuition of music and song from the Scottish Gaelic tradition. Please note that we cannot support activities specifically for adults.

2. **Feumaidh gach fèis Plana Gàidhlig a chur thugainn, a bhios a' mìneachadh an dòigh anns am bi iad a' fighe a' Ghàidhlig a-steach do gach nì a tha iad a' dèanamh. Tha Poileasaidh Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal – a tha ri fhaighinn air an CD a tha an lùib seo - a dh'fheumas gach fèis a leantainn.**

   All Fèisean must submit a Gaelic Plan to us, detailing how they aim to incorporate Gaelic into all their activities. Fèisean nan Gàidheal has a Gaelic Policy – which is available on the accompanying CD - with which all Fèisean are expected to comply.

3. **Feumaidh gach fèis a bhith deònach gabhail ris Poileasaidh Cùram Chloinne Fèisean nan Gàidheal. Gheibhear leth-bhreac air a' CD an lùib seo. Feumaidh Oifigear Cùram Chloinne a bhith agaibh - cuideigin air a' chomataidh a bhios deònach dèiligeadh ri gnothaichean cùram chloinne. Feumaidh gach neach a tha air a' chomataidh a' dol tro sgrùdadh àrd ìre le Disclosure Scotland.**

   All Fèisean will be required to comply with Fèisean nan Gàidheal's Child Protection Policy, a copy of which is on the accompanying CD. All Fèisean must appoint a Child Protection Officer - a member of the committee who is responsible for ensuring the Child Protection Policy is implemented and records are kept up to date. Enhanced disclosure checks are a requirement for all Fèis tutors and all volunteers.

4. **Feumaidh gach fèis a bhith ag obair taobh a-staigh amasan Fèisean nan Gàidheal a tha air am mìneachadh gu h-ìseal.**

   Each fèis must also be willing to act within the aims and objectives of Fèisean nan Gàidheal, which are detailed below.

Ar dualchas ... ar n-òigridh

'S e caidreabh neo-eisimeileach nàiseanta de dh'Fhèisean teagaisg ionadail a th' ann am Fèisean nan Gàidheal

Tha Fèisean ann a dh'aona-ghnothaich gus dualchas is cànan nan Gàidheal a theagasg do dhaoine òga ann an suidheachadh spòrsail is sàbhailte.

Amas Fèisean nan Gàidheal

Tha e mar amas dhan bhuidhinn gum bi ealain, cànan is dualchas nan Gàidheal rim faotainn agus air am meas le barrachd is barrachd dhaoine le bhith cur taic ri agus a' leudachadh Fèisean teagaisg ionadail, a tha gu sònraichte do dh'òigridh.

Our culture ... our young people

Fèisean nan Gàidheal is an independent national association of tuition-based local festivals known as Fèisean (singular Fèis).

Fèisean are designed to teach young people in a fun, safe environment about Gaelic culture and language.

Aim of Fèisean nan Gàidheal

The aim of the organisation is to make Gaelic Arts, Language and Culture more accessible and more widely appreciated through the support and development of community-based tuition Fèisean, primarily for young people.

Prìomh-Oifis: Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Head Office: Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ
Fòn/Telephone **01478 613355** | **Facs**/Fax **01478 613399** | **Post-d**/E-mail **brath@feisean.org**
Companaidh earranta a tha na buidheann carthannais/Company limited by guarantee recognised as a charity | **Àireamh chàraidh**/Registration number **SC 130171**

'S e na cinn-uidhe:

- Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan
- 'S e prìomh amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean, labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh
- Obair nam Fèisean ann an roinn an fhoghlaim a leudachadh
- Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnant a lìbhrigeadh, le com-pàirtichean, 's air an toirt gu buil le Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth
- Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus sàradh a chur air adhart sna Fèisean
- A' cumail oirnn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a leudachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is follaiseach

- Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities
- Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement, developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves, is a key objective.
- Develop the work of the Fèisean within the formal education sector
- Deliver strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean
- Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement
- Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities

The objectives are to:

Ma tha *sibh riaraichte aontachadh ri na cùnnraidhean a tha seo, agus ma sibh airson a dhol air adhart le ballrachd a tholrt a-mach, cuir thugainn an fhiosrachadh a leanas, le bonn-stèidh agus dearbhadh gu bheil cunntas-banca agaibh ann an ainm na Fèise.*

If you are happy to agree to the conditions above, and you want to go ahead with an application for membership, please complete the details below and send it back to us, along with a copy of your Fèis constitution and confirmation of a bank account in the Fèis name.

Ainm Na Fèise – Fèis Name	FÈIS A'CHAOLAIS
Ainm an tagraiche – Applicant's Name	FIONA MACLEOD
Dreuchd - Position	CHAIRPERSON
Seòladh - Address	185 MIGDALE
	BONAR BRIDGE
	SUTHERLAND
Còd Puist – Post Code	IV24 3AR
Àireamh Fòn – Telephone Number	01863 766386
Àireamh Fòn-làimhe – Mobile Number	07974 434354
Seòladh puist-d – E-mail address	
Ceann-làithean na Fèise agaibh – Your proposed Fèis Dates	19th Jan, 16th Feb, 15th March, 19th April 17th May, 21st June 2008.

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na cùnnraidhean a leughadh agus gu bheil mi a' gabhail riutha. Tha mi a' tagradh airson ballrachd *Fèisean nan Gàidheal às leth na feise tha shuas*

I confirm that I have read the conditions and agree to abide by them. I am applying for membership of Fèisean nan Gàidheal on behalf of the abovementioned Fèis

Fiona MacLeod ..... **Ainm-sgrìobhte**/Signature 3/1/08 ..... **Ceann-là**/Date

Ma bhios ur tagradh soirbheachail, cuiridh sinn cunntas thugaibh airson na cis ballrachd.

If your application is successful, we will invoice you for the membership fee.

Cuir fiosrachadh air ais gu:
Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Please return information to:
Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ

'S e na cinn-uidhe:

- Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan
- 'S e prìomh amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean, labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh
- Obair nam Fèisean ann an roinn an fhoghlaim a leudachadh
- Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnant a lìbhrigeadh, le com-pàirtichean, 's air an toirt gu buil le Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth
- Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus sàradh a chur air adhart sna Fèisean
- A' cumail oirnn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a leudachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is follaiseach

- Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities
- Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement, developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves, is a key objective.
- Develop the work of the Fèisean within the formal education sector
- Deliver strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean
- Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement
- Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities

The objectives are to:

Ma tha sibh riaraichte aontachadh ri na cùnnraidhean a tha seo, agus ma sibh airson a dhol air adhart le ballrachd a thoirt a-mach, cuir thugainn an fhiosrachadh a leanas, le bonn-stèidh agus dearbhadh gu bheil cunntas-banca agaibh ann an ainm na Fèise.

If you are happy to agree to the conditions above, and you want to go ahead with an application for membership, please complete the details below and send it back to us, along with a copy of your Fèis constitution and confirmation of a bank account in the Fèis name.

Ainm Na Fèise – Fèis Name	FEIS CHOLLA
Ainm an tagraiche – Applicant's Name	TAMARA HEDDERWICK
Dreuchd - Position	SECRETARY
Seòladh - Address	TOTRONALD BEAG ISLE OF COLL / EILEAN CHOLLA ARGYLL PA78 6TB
Còd Puist – Post Code	
Àireamh Fòn – Telephone Number	01879 230382
Àireamh Fòn-làimhe – Mobile Number	07788 956031
Seòladh puist-d – E-mail address	tamarahedderwick@coll-ceramics.fsnet.co.uk
Ceann-làithean na Fèise agaibh – Your proposed Fèis Dates	EARLY MAY '08 / An Ceitean MID

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na cùnnraidhean a leughadh agus gu bheil mi a' gabhail riutha. Tha mi a' tagradh airson ballrachd Fèisean nan Gàidheal às leth na feise tha shuas

I confirm that I have read the conditions and agree to abide by them. I am applying for membership of Fèisean nan Gàidheal on behalf of the abovementioned Fèis

T. Hedderwick ..... **Ainm-sgrìobhte**/Signature 19/11/07 **Ceann-là**/Date

Ma bhios ur tagradh soirbheachail, cuiridh sinn cunntas thugaibh airson na cìs ballrachd.

If your application is successful, we will invoice you for the membership fee.

Cuir fiosrachadh air ais gu:
Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Please return information to:
Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org